

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 3 | 2012 | AM MART

130 BLIADHNA A' FRITHEALADH DO NA GAIDHEIL

Facal Toisich

Aig deireadh na bliadhna an-uiridh agus aig toiseach na bliadhna seo bha stoirmean eagalach againn ann an iomadh sgìr air feadh na h-Alba. Mar thoradh air an droch shìde thàinig stad air cumhachd an dealain air feadh na dùthcha, gu h-àraidh ann an àiteachan iomallach. Far an robh craobhan rinn iad milleadh air loidhnean an dealain nuair a leag a' ghaoth iad. Bha ceàrnaidhean ann far an robh daoine air am fàgail trì oidhche, no barrachd, gun teas agus gun solas.

Chan eil sinn cho ullachtaichte agus a bha sinn uaireigin nuair a thig amannan den t-seòrsa seo. Bha sinne fortanach anns an dachaigh againne gu bheil teine fosgailte againn fhathast, ach tha iomadh taigh ann far nach eil dòigh aca air an t-àite a theasachadh no biadh a dheasachadh. Ma tha an aimsir da-rìreabh ag atharrachadh, mar a tha eòlaichean a' cumail a-mach, bu chòir sùil a bhith againn ri làithean gailleanach fad mìosan a' gheamhraidh agus a-steach don earrach anns na bliadhnachan a tha romhainn.

Anns na h-àiteachan dùthchail tha spiorad coimhearsnachd fhathast glè làidir. Chunnacas sin ri linn na droch shìde. Nuair nach robh dealan ann rinn daoine cinnteach gu robh blàths agus biadh aig na nàbaidean, gu h-àraidh feadhainn a bha suas ann am bliadhnachan no aig an robh trioblaidean a thaobh an slàinte. Anns na seann làithean bhiodh an càirdeas agus an cuideachadh sin ann gu nàdarra, ach anns an latha anns a bheil sinne beo chan eil daoine cho faisg air a chèile agus a chleachd iad a bhith. Ged a tha sin fìor anns na bailtean mòra far a bheil daoine cho trang len obair làitheil, dh'fhaodadh e tachairt air an dùthaich cuideachd.

'S e *teaghlach* aon de na faclan a tha againn airson na h-Eaglais anns an Tiomnadh Nuadh. Ma tha sinn mothachail gu bheil sinn beò mar aon teaghlach, teaghlach a' chreidimh, teaghlach a' chinne-daonna, bidh sinn ag iarraidh a bhith a' sìneadh a-mach làmh-chuideachaidh do ar co-chreutair, gu sònraichte far a bheil bochdainn agus duilgheadasan eile.

Aig an àm seo den bhliadhna tha sùil againn gum bi an t-sìde a' fàs nas fheàrr ged a dh'fhaodadh sneachd agus reothadh a bhith romhainn fhathast.

**Leis na beannachdan,
Ruairidh MacLeòid**



A bharrachd air na stoirmean a bha againn anns an Fhaoilleach bha stuaghan àrda ann cuideachd a rinn milleadh mòr air a' chladach, ged nach robh e cho dona ris a' ghaillinn a bhuail air na h-eileanan ann an 1697. Air a' bhliadhna sin bha àiteachan air an còmhach le gainmhich agus rinneadh eileanan far nach robh eileanan ann roimhe sin. Bha fear de luchd-leughaidh nan Duilleag, Murchadh MacLeòid, ann an Tiriodh nuair a bha an stoirm bu mhiosa ann toiseach na bliadhna. Seo dealbh a chuir e thugainn a tha a' sealltainn cho fìor àrd agus a bha tonnan na mara ag èirigh. Cosgaidh e airgead mòr na h-eaglaisean a chàradh air an do rinn stoirmean a' gheamhraidh damaiste air còrsa an iar na h-Albas.

Cùil Nan Ceist

Anns an stoirm mu dheireadh chaill sinne pàirt den chladach a chleachd a bhith air cùl an taighe. Thug sin oirnn smaoineachadh air cuid de na h-àiteachan anns na Sgrìobtaran far a bheil iomradh air tràigh no cladach. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Cò a sheas air an tràigh nuair a thàinig a' mhadainn?
(Soisgeul Eòin, caibideil 21.)
2. Lìon a' bheàrn: "Mar a' ----- a tha air tràigh na fairge."
(Genesis, caibideil 22.)
3. Cò dan tugadh farsaingeachd cridhe mar a' ghainmheach a tha air an tràigh? (1 Rìgh, caibideil 4.)
4. Cò a chunnaic na h-Israelich marbh air tràigh na fairge?
(Ecsodus, caibideil 14)

Stòiridhean – 3

Bho àm gu àm tachraidh rud-eigin ann am beatha a h-uile duine againn a bheir buaidh oirnn an còrr de ar beatha. Seo mar a bha do Bhernard Hare an sgrìobhaiche. Thachair seo bho chionn trìthead bliadhna nuair a bha e 'na dhuine òg.

Fhuair e fios gu robh a mhàthair ri uchd bàis agus dh'fheumadh e faighinn dhachaigh gu Leeds le cabhaig. Nuair a ràinig e an stèisean bha an trèana mu dheireadh air falbh, ach bha tè a' dol cho fada ri Peterborough agus chaidh e oirre sin.

Nuair a thàinig an conductor timcheall dh'fhaighnich e an robh dad ceàrr. Bha Hare rud-eigin mì-mhodhail ris, ach cha do chuir sin an duine dheth. Shuidh e ri a thaobh agus dh'innis e dha mar a bha. An ceann greis dh'fhalbh e, ach cha robh e fada gun do thill e, agus cha robh Hare ro-thoilichte fhaicinn air ais.

Thubhairt an conductor ris, *Nuair a ruigeas sinn Peterborough, dean às gu platform a h-aon agus bidh trèana Leeds an sin.*

Cha do thuig e an toiseach, ach dh'fhaighnich e an robh an trèana fadalach.

Chan eil, fhreagair e. Chuir mi fios gu Peterborough agus tha an trèana a' dol a dh'fhuireach riut. Bidh daoine a' gearan, ach chan eil sin gu diofar. Gheibh thu dhachaigh agus 's e sin a tha cudthromach, agus gum biodh Dia maille riut.

Bha e cho taingeil agus chaidh e sìos an trèana às a dhèidh.

Thubhairt e ris, *B'fheàrr leam gu robh dòigh air choireigin a b'urrainn dhomh taing a thoirt dhut.*

'S e am freagairt a thug e dha, *Ma tha thug ag iarraidh taing a thoirt dhomh, an ath thuras a chì thu cuideigin ann an trioblaid, cuidich iad. Bidh sin taing gu leòr dhomhsa.*

Ri linn a' conductor, bha e còmhla ri a mhàthair nuair a bhàsaich i tràth anns a' mhadainn agus cha do dhìochuimhnich e riamh am fear a rinn cobhair air 'na fheum.

**Oighrig Fhearghastan
(A' Mhanachainn)**

Seann Eaglais Ga Leasachadh



Chìthhear togalaichean a bha uaireigin air an cleachdadh mar àiteachan-adhraidh a-nis air an cleachdadh airson adhbharan eadar-dhealaichte. Ann an Inbhir Nis tha eaglais 'na bùth-leabhraichean. Air an Tairbeart taobh Loch Laomainn tha eaglais air nach robh feum tuilleadh an-diugh 'na taigh-bìdh. Ann an iomadh sgìre chìthhear eaglaisean a tha an atharrachadh gu bhith 'nan taighean-còmhnaidh.

Ann am Beàrnaraigh na Hearadh ann an 1829 thogadh tè de na h-eaglaisean a chaidh a dhealbhadh le Tòmas Telford. Ach ceud bliadhna an dèidh sin cha robh feum air Eaglais a' Mhachaire, oir rinneadh aonadh eadar Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Shaoir Aonaichte. Bha an togalach eile ann am Beàrnaraigh, Eaglais Chùil na Beinne, far an robh coitheanal na h-Eaglais Shaoir Aonaichte ag adhradh, air a thaghadh mar an t-àit'-adhraidh aig a' choitheanal ùr. Bha an seann mhansa air a chleachdadh mar dhachaigh, ach thugadh am mullach bharr na h-eaglais agus bha i air a fàgail falamh. Ged a tha i air a bhith ceud bliadhna gun cheann tha na ballachan cho daingeann agus a bha iad nuair a chumadh a' cheud seirbheis innte.

A-nis tha sùil gum bi mullach air a chur air eaglais Telford ann am Beàrnaraigh agus bidh an togalach air a chàradh agus air a leasachadh.

Cheannaich Cè Mac an t-Saoir agus a bhean, Sìne, an eaglais on uachdaran. Tha iad a' cur romhpa taigh-còmhnaidh anns am bi trì seòmraichean-cadail a dhèanamh den t-seann eaglais. A bharrachd air sin bidh àite ann far am faod luchd-rannsachaidh a tha a' tadhal air Beàrnaraigh obair a dhèanamh.

Tha dùil gum bi an obair leasachaidh air eaglais Bheàrnaraigh air a h-innse an ath-bhliadhna ann an sreath de phrògraman air an telebhisean air Seanal Ceithir. Tha sinn an dòchas gum faicear Eaglais a' Mhachaire, a tha ann an àite cho fradharcach, a-rithist le solas anns na h-uinneagan air an oidhche.

Leabhraichean

The Slopemasts. A History of the Lochfyne Skiffs. Mike Smylie. (The History Press. £12.99)

Tha e nàdarra dhuinn a bhith a' coltachadh iasgairean na h-Alba, gu seachd àraidh iasgairean Loch Fin, ri iasgairean Muir Ghalile, na daoine a lean losa an toiseach mar a dheisciobail. Sgrìobh Mìcheal Smylie an leabhar luachmhor seo mu na sgothan, "sgothan Loch Fin", a bha uaireigin a' seòladh a-mach o chladaichean na h-Alba nuair a bha an sgadan pailt.

Bha ùidh air leth aig ùghdar an leabhair anns na sgothan-iasgaich seo, oir bha tè den t-seann bhàtaichean seo aige fhèin, am *Perseverance*, a chaidh fodha bharr cladach Phortugal an dèidh dhàsan a reic. A bharrachd air iomradh feumail air eachdraidh nam bàtaichean, nuair a bha iad fo sheòl agus an

dèidh dhaibh einnsean fhaighinn, tha eachdraidh iasgach an sgadain againn an seo cuideachd.

Tha tòrr dhealbhan anns an leabhar seo a tha a' sealltainn cò ris a bha na sgothan coltach agus gheibhear sealladh air na h-iasgairean calma a bha anns na sgiobaidhean. Tha iomradh air na daoine a thog na sgothan. Bhiodh na sgothan air an cleachdadh mar bhàtaichean-aiseig o àm gu àm. Chìthhear dealbh den bhàta, *Sireadh*, nuair a bha i ag aiseag clann Sgoil Shàbaid agus am pàrantan gu cuirm bhliadhnail. Bha mòran de na h-iasgairean a bha air na sgothan seo 'nan daoine aig an robh creideamh làidir. *Iadsan a thèid sìos don fhairge air longan, a nì obair air uisgean mòra, chì iadsan gnìomharan an Tighearna, agus a bheartan anns an doimhne.*

Teampall na Trianaid

Searmon Beag



Air an darna duilleig bha cunntas againn air eaglais ann am Beàrnaraigh na Hearadh a thogadh anns an naodhamh linn deug a tha air a bhith falamh fad iomadh bliadhna ach tha a-nis gu bhith air a chur air dòigh mar thaigh-còmhnaidh. Ann an Uibhist a Tuath tha eaglais eile a tha mòran nas sine air a bheil obair leasachaidh a' dol air adhart.

Bha dragh air mòran gu robh cunnart ann gum biodh Teampall na Trianaid ann an Càirinis a' crìonadh mar a bha na bliadhnachan a' dol seachad. A-nis tha an t-Urras a chuireadh air chois airson an t-seann eaglais seo a dhèanamh tèarainte agus tha iad air obair ionmholta a dhèanamh mar thoisich tòiseachaidh gu bhith a' leasachadh an togalaich.

A rèir luchd-eachdraidh b'ann anns a' cheathramh linn deug a chaidh Teampall na Trianaid a stèidheachadh. A bharrachd air an Teampall fhèin, tha Teampall Clann a' Phiocair ann cuideachd ri a thaobh. A thuilleadh air a bhith 'na àit'-adhradh bha Teampall na Trianaid ainmeil mar ionad fòghlam anns na linntean a dh'fhalbh. Mas fìor an aithris bha an sgoilear iomraiteach Duns Scotus a' frithealadh na colaiste a bha stèidhichte an seo na ceudan de bhliadhnachan air ais.

Chìtheas anns an dealbh mar a tha pàirt den togalach a' coimhead agus a' chlachaireachd a-nis air a daingneachadh. Tha adhbhar againn a bhith taingeil don Urras a ghabh an obair os làimh agus tha sinn an dòchas gun tèid gu math leo ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum faigh Teampall na Trianaid an t-àite air a bheil e airidh ann am beatha an eilein.

A bheil e ceadaichte cis a thoirt do Chèasar, no nach eil? **(Mata 22:17)**

Thàinig daoine gu tric gu losa leis na ceistean a bha air an inntinn. Uaireannan 's e ceist phearsanta a bha ann, rud-eigin a bha a' cur dragh orra 'nam beatha fhèin. Tursan eile 's e mìneachadh a bha iad ag iarraidh air puing anns na Sgrìobtaran nach robh iad a' tuigsinn.

Ach an seo 's e ceist mheallta a bha naimhdean Chrìosd a' cur air. Bha iad a' smaoinnach gu robh iad air a chur ann an staing.

Cha toigh le duine a bhith a' pàigheadh chìsean. Bha na Ròmanaich air an dùthaich a cheannsachadh. Bhiodh iad a' togail chìsean on t-sluagh. Chaidh faighneachd do dh'losa an robh e ceart no nach robh cis a phàigheadh do Chèasar, Impire na Ròimhe.

Nan canadh losa nach robh e ceadaichte do na Ròmanaich cìsean a thogail cha bhiodh an fheadhainn a bha ann an ùghdarras fada ga chur an greim. Thigeadh a mhinistrealachd gu ceann.

Nan canadh e gu robh làn chead aig Cèasar cis a chur air an t-sluagh a bha e air a cheannsachadh cha chòrdadh sin ri sluagh na dùthcha agus bhiodh iad den bheachd gu robh losa a' dèanamh dìmeas air a dhaoine fhèin.

Dh'iarr losa gun toireadh cuideigin dha bonn-airgid. Dh'fhaighnich e cò an Ìomhaigh a bha air a' bhonn. Chaidh innse gur e dealbh an Impire a bha ann. Thubhairt E, "Thoir do Chèasar na nithean as le Cèasar, agus do Dhia na nithean as le Dia."

Cha b'urrainn do dhuine anns an luchd-èisteachd facal a chur 'na aghaidh oir bha na faclan cho cothromach. Tha dleasdanasan againn anns an t-saoghal a dh'fheumas sinn a choileanadh. Ach os cionn sin uile tha an t-seirbheis spioradail a tha sinn a' toirt do Dhia aig a bheil còir cruthachaidh agus còir tearnaidh oirnn.

Gàidhlig Shìmplidh

26 Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Is e an siol facal Dhè." Thubhairt losa seo. Tha na faclan ann an Soisgeul Lùcais, an t-ochdamh caibideil, aig an aona rann deug. (Lùcas 8:11.) Ciamar a tha facal Dhè coltach ri siol? Tha an siol beag. Ach thig toradh mòr o aon ghràinnean sil. Faodaidh aon fhacal beag feum mòr a dhèanamh. Thubhairt losa, "Lean mise." Dà fhacal bheag. Ach fhuair iomadh duine beannachd nuair a dh'èist iad ris an fhacal sin. "Is gràdh Dia." Trì faclan beaga goirid. Ach tha doimhneachd anns na trì faclan sin.

27 Beagan sheachdainean air ais chail sinn solas an dealain. Cha robh teas an dealain againn. Ach bha teine mòna againn anns an taigh againn. Chùm sin blàths rinn. Tha fàileadh brèagha o cheò na mòna. Nì thu còcaireachd le teine fosgailte cuideachd. Aig aon àm bhiodh daoine 'nan suidhe ri taobh an teine. Bhiodh co-chomann aca anns an dachaigh. Bhiodh sean agus òg 'nan suidhe còmhla. Bhiodh an òigridh a' fòghlam on fheadhainn a bha na bu shine. Bhiodh an fheadhainn òga a' cluinntinn mun Bhioball agus mun bheatha spioradail.

28 Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Nuair a thèid MacCumhais don bheinn, iarr anns a' chladach e." (When MacCuish goes to the hill, look for him on the shore.) Iomadh bliadhna air ais bha Murchadh MacCumhais a' fuireach ann am Beàrnaraigh na Hearadh. Bha dùil aig a h-uile duine gu robh e a' dol a phòsadh tè a bha a' fuireach air a' Chnoc Ard. Dh'innis e da athair gur e boireannach a bha a' fuireach faisg air a' mhuir a bha aige a-nis. Thubhairt 'athair na faclan sin ris. Bidh an seanfhacal seo aig cuideigin a' ciallachadh gu bheil e a' lorg rud far nach eil sùil agad ris.

29 Tha mìos a' Mhàirt againn a-nis. Tha fios againn gu bheil an latha air fàs nas fhaide. Chan eil an oidhche cho dorcha. Ach faodaidh aimsir fhuar a bhith againn fhathast. Bhiodh ar sinnsirean ag ràdh nach tig fuachd da-rìreabh gus an tig an t-earrach. Air a' mhìos seo bidh an tuathanach a' cur an t-sìl. Bidh sùil aige ri toradh nuair a thig am foghar. Ma nì sinn rud math ann an ainm Dhè thig beannachd às. Bidh againn ri feitheamh mus faic sinn an toradh. Ach cha bhì obair choibhneil sam bhi a nì sinn ann an spiorad Chrìosd gun fheum.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

130 BLIADHNA A' FRITHEALADH DO NA GAIDHEIL

Thall 's a-Bhos

MINISTREALACHD IONADAIL

Tha iomadh seòrsa ministrealachd ann an Eaglais na h-Alba. Tha sinn eòlach gu leòr air ministearan sgìre. Tha feadhainn eile ann a tha 'nam ministearan-cuideachaidh, aig a bheil glè thric obair eile tron t-seachdain, agus a bhios air ceann seirbheis Didòmhnaich. Tha cead aca na sàcramaidean a riarachadh. Tha deucoin agus leughadairean ann a tha a' dèanamh obair fheumail. Tha dreuchd ùr eile ann a-nis, ministear ionadail, aig am bi comas a bhith ag obair taobh a-staigh na sgìre aca fhèin. Tha Iseabail Dhòmhnallach a-nis air a suidheachadh ann am ministrealachd ionadail ann an Càirinis ann an Uibhist a Tuath.

FUASGLADH NAN CEIST

Chuir sinn ceistean oirbh às a' Bhìoball mu chladaichean agus tràighean. Seo agaibh freagairt nan ceist. 1. Iosa. 2. --- ghaineamh--- 3. Solamh. 4. Na h-Eiphitich.

RANN

*Cha robh E òg is sean cha bhi;
O shìor' gu sìor' gun chaochladh staid;
Cha tomhais grian no gealach 'aois;
Oir 's nithean caochlach iad air fad.*

Tha leabhar agam leis na laoidhean aig Dùghall Bochannan a bha uaireigin aig ar caraaid còir, an t-Urr. Iain MacLeòid a bha anns an Oban. Anns an leabhar tha an ceathramh seo gu h-àrd air a chomharrachadh. A rèir coltais bha tarraing anns na faclan seo do Mhgr. MacLeòid, a bha e fhèin 'na bhàrd comasach.

LAOIDHEAN

Tha beairteas againn anns a' Ghàidhlig a thaobh laoidhean agus dàin spioradail. Bhiodh na leabhraichean aig Pàdraig Grand agus Dùghall Bochannan ann an iomadh dachaigh Ghàidhealach, ri taobh leth-bhreac den Bhìoball Ghàidhlig agus *Turas a' Chrìosdaidh*. An-diugh tha mòran laoidhean Gàidhlig againn air clàr agus nach math gu bheil an dòigh sin againn air a bhith ag èisteachd ris na laoidhean. Tha Radio nan Gàidheal a' dèanamh obair ionmholta ann a bhith a' craobh-sgaoileadh laoidhean Gàidhlig, seann fheadhainn agus feadhainn a bhuineas do linn againn fhèin.

IRIS A' GHIBLEIN

Uaireannan bidh a' Chàisg ann am mìos a' Mhàirt. Bliadhnachan eile bidh Didòmhnaich na Càisge nas fhaide, anns a' Ghiblean. Air an ath mhìos bidh ar n-àire air teachdaireachd na Càisge anns *Na Duilleagan Gàidhlig*.

BUAIDH NA DROCH SHIDE

Rinn an stoirm milleadh air mullach eaglais Chumlodain agus chan eil sinn ag adhradh anns an eaglais gus am bi an obair chàraidh crìochnaichte. Gu fortanach tha dà eaglais eile againn anns an sgìre a bhios sinn a' cleachdadh. Uair anns a' mhìos tha seirbheis ann an Talla a' Bhaile gus am bi an eaglais fosgailte a-rithist. Tha an Talla nas fhaisge air cridhe na coimhearsnachd na tha an eaglais agus bidh e nas fhasa do chuid a' bhith a' frithealadh na seirbheis. Rinneadh milleadh mòr air eaglais Tairbeart Loch Fin agus fhuair an t-uisge a-steach 'na broinn. Bidh an coitheanal ag adhradh ann an talla ann am meadhan a' bhaile fhad 's a bhios an obair chàraidh a' dol air adhart.

ADHBHAR-GAIRE

Bha ministear a bha air a dhreuchd a leigeil dheth a' bruidheann ri boireannach a bhuineadh don choitheanal. Bha ministear eile air gabhail ri gairm on choitheanal agus bhiodh e air a phòsadh ris an sgìr an ceann beagan ùine. "Tha mi a' cluinntinn gu bheil sibh a' faighinn ministear ùir," thubhairt an seann mhinistear. "Tha mi an dòchas gum bi e nas fheàrr na am fear a bha ann roimhe." Gun smaoineachadh thubhairt an tè eile, "Tha mi an dòchas gum bi!"

Urnaigh

A Dhè Uile-chumhachdaich,
a chruthaich agus a dhealbh sinn,
tha Thu làn airidh air adhradh ar cridhe
agus air ùmhlachd ar beatha.
Am measg traingead ar beatha
tha e furasta dhuinn
a bhith gad dhìochuimhneachadh.
Moladh a bhith dhut
nach eil Thusa a' dèanamh
dearmaid oirnn aig àm sam bith.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Tùr Chliamain, an eaglais eireachdail
ann an Roghadal ann an ceann a deas
na Hearadh. Seo far a bheil Gobha na
Hearadh air a thiodhlacadh.